



Comhairle nan Leabhraichean

Co-Phoileasaidh Co-ionannachd

Comhairle nan Leabhraichean
32 Sràid Achadh a' Mhansa
Glaschu
G11 5QP

Fòn: 0141 337 6211

Post-d: brath@gaelicbooks.org

www.gaelicbooks.org

Tionndadh den sgrìobhainn:	Tionndadh 3
Ceann-latha (ùraichte):	An t-Samhain 2017
Crìochnaichte le:	R. Ward

Is e companaidh cuibrichte le barantas a th' ann an Comhairle nan Leabhraichean air a riaghladh le a Mheòmhrachan is Artaigilean Companaidh fon cheann-latha 2 Iuchar 1996, agus ùraichte air 23 Gearran 2011.

Is e ar n-adhbhar:

- Taic a chur ri leasachadh air sgrìobhadh Gàidhlig.
- Ùidh ann an leabhraichean Gàidhlig agus stuthan co-cheangailte eile, a bhrosnachadh.
- Taic a chur ri ùghdaran Gàidhlig le bhith buileachadh thabhartasan is choimiseanan.
- Taic a chur ri gnìomhachas foillseachaidh na Gàidhlig.
- Raon, càileachd agus buaidh litreachas na Gàidhlig a mheudachadh.

Coileanadh sinn seo le bhith a' cur an sàs ar n-ùghdarras is ghoireasan, gus a' bhuidh nàiseanta as àirde a liubhairt.

Is e **ar lèirsinn** tèarainteachd fhaotainn do litreachas is foillseachadh na Gàidhlig ann an Alba. Tha sinn airson meudachadh fhaicinn san àireamh de leabhraichean Gàidhlig ann am measgachadh de ghnèithean agus mar sin cur ris a' mheudachadh anns an àireamh de luchd-labhairt agus luchd-cleachdaidh na Gàidhlig a' coileanadh fileantachd sa chànan. Tha ar lèirsinn cuideachd:

- tuigsinn cudromachd uidheaman taic èifeachdach agus conaltradh le sgrìobhadairean is foillsichearan Gàidhlig
- tuigsinn cudromachd chonaltraidhean èifeachdach bhon taobh a-muigh gus ìomhaigh agus cliù litreachais is foillseachaidh na Gàidhlig a thogail
- faicinn litreachas na Gàidhlig mar so-mhaoin nàiseanta

Tha sinn air sia prìomh luachan a chomharrachadh a bhios aig teis-meadhain na dòigh sa bheil sinn ag obrachadh mar bhuidheann:

- *Sàr-mhathas is luach* – ann an litreachas is foillseachadh Gàidhlig agus ann mar a tha sinn ag obrachadh
- *Cruthachalachd is ùr-ghnàthachadh* – nar modh-obrach ann an leasachadh air roinn foillseachaidh na Gàidhlig
- *In-ghabhaltas* – dhaibhsan uile a tha airson cothrom fhaighinn air leabhraichean Gàidhlig
- *Com-pàirteachasan is caidreachasan* – le daoine fa leth agus buidhnean as urrainn taic a thoirt dhuinn ann an leasachadh litreachas is foillseachadh na Gàidhlig
- *Follaiseachd is fosgarrachd* – nar dèiligidhean uile
- *Dlùth-ghabhail ri agus buileachadh bheachdachaidhean àrainneachdail* – air feadh ar n-àrainneachd obrach

Coileanadh sinn ar lèirsinn agus feumalachdan dhaoine fa leth uile a dh'aindeoin aois, dath, ciorram, tùs cinnidheach no nàiseanta, gnè, inbhe phòsta, aomadh gnèitheasach, creideamh no creideas feallsanachail daingeann.

Ar Dealas

Tha Comhairle nan Leabhraichean dealasach ann an dèanamh cinnteach à càileachd chothroman agus brosnachadh iomadachd tarsainn nam fuincseanan uile, mar fhastaiche agus ann an dèiligeadh le luchd-ùidhe. Tha ar Co-Phoileasaidh Co-ionannachd a tha a' gabhail a-steach ar Plana Gnìomh Cho-ionannachdan, lomadachd is In-ghabhaltais, a' mìneachadh mar a tha sinn a' coimhead ris an dealas seo ath-dhaingneachadh agus a dhèanamh cinnteach gu bheil co-ionannachd air fhighe a-steach aig teis-meadhain ar n-obair.

Tha Comhairle nan Leabhraichean dealasach ann an adhartachadh agus prìomh-shruthadh co-ionannachd, iomadachd agus in-ghabhaltas nar gnìomhan uile.

Mar Cheannard, bidh mi a' dèanamh cinnteach gun lean ar dealas a thaobh a' Cho-Phoileasaidh Co-ionannachd seo gu làimhseachadh cothromach air na h-uile a thig an lùib Comhairle nan Leabhraichean. Bidh mi a' dèanamh cinnteach gu bheil an luchd-obrach uile agus

buill a' Bhùird a' faighinn an taic agus an trèanadh a tha riatanach airson am mothachadh a thogail agus gabhail gu h-iomlan ris a' phoileasaidh seo.

RO-RÀDH

Tha e mar fhiachaibh air Comhairle nan Leabhraichean ciorram, gnè agus co-ionannachd cinnidh a bhith aig teis-meadhan ar n-obair. Tha sinn a' cur fàilte air a' phròiseas seo agus dealasach ann an dèanamh cinnteach à co-ionannachd cothroim do gach roinn den cho-chomann fhad 's a bhios sinn a' coileanadh ar dleastanasan.

Tha an co-phoileasaidh co-ionannachd seo a' mìneachadh ar dealais agus mar a libhrigeas sinn an gealladh sin a thaobh, ciorram, gnè agus cinneadh.

Ann an tarraing ar poileasaidh ri chèile, tha sinn air ar stiùireadh leis na leanas:

- **Achd Lethbhreith a thaobh Gnè 1975** – Tha an reachdas seo a' cur às do lethbhreith air bhunait gnè no inbhe phòsta ann an cosnadh, trèanadh, foghlam, solar bathair is sheirbheisean agus stiùireadh is sgaoileadh air aitreabhan. Tha an Achd a' cur às do lethbhreith, sàrachadh agus fulangachadh dìreach.
- **Achd an Dàimh Chinnidh 1976 agus Atharrachadh** – Tha an reachdas seo a' cur às do lethbhreith air bhunait cinnidheachd, nàiseantachd agus dath ann an cosnadh agus ann an solar bathair is sheirbheisean.
- **Achd Lethbhreith Ciorraim 1995** – Tha an reachdas a' mìneachadh ciorram mar "easbhaidh chorporra no inntinneil aig a bheil buaidh mì-shealbhach fad-amail air comas dleastanasan àbhaisteach làitheil a choileanadh" agus a' cur às do lethbhreith air bhunait ciorraim ann an cosnadh, foghlam, solar bathair is sheirbheisean. Chuir atharrachaidhean 2005 don Achd an t-Ùghdarras fo Dhleastanas Sònraichte is Coitcheann gu co-ionannachd ciorraim adhartachadh.
- **Riaghailtean Co-ionannachd Cosnadh (Creideamh no Creideas) 2003** – Tha na riaghailtean seo a' cur às do lethbhreith ann an cosnadh agus trèanadh dreuchdail air bhunait creideis fìor no aithnichte. Tha iad a' cur às do lethbhreith, sàrachadh is fulangachadh dìreach agus neo-dhireach.
- **Riaghailtean Co-ionannachd Cosnadh (Aomadh Gnèitheil) 2003** – Tha na riaghailtean sin a' cur às do lethbhreith ann an cosnadh agus trèanadh dreuchdail air bhunait aomaidh fìor no aithnichte. Tha iad a' cur às do lethbhreith, sàrachadh agus fulangachadh dìreach agus neo-dhireach.

- **Achd Aithneachaidh Gnè 2004** – Tha an reachdas seo a’ toirt còir do neach tar-ghnèitheach air a ghnè thogte agus a bhith aithnichte gu laghail.
- **Achd Com-pàirteachais Catharra 2004** – Tha an Achd seo a’ stèidheachadh dàimh laghail nuair a tha e cumaichte le dithis den aon ghnè.
- **Riaghailtean Co-ionannachd Cosnaidh (Aois)** – Thàinig na riaghailtean seo gu bith air 1 Dàmhair 2006, ga dhèanamh oibheumach do fhastaiche lethbhreith a dhèanamh air sgàth aois.
- **Dleastanas Co-ionannachd Gnè 2007** – Tha seo a’ cur dleastanas laghail air buidhnean poblach uile cur às do lethbhreith gnè agus sàrachadh mì-laghail, agus co-ionannachd cothrom adhartachadh eadar boireannaich is fireannaich.
- **Dleastanas Co-ionannachd Cinnidh 2006** - Tha seo a’ cur dleastanas laghail air buidhnean poblach uile gu ‘aire bheachdail’ a nochdadh do dh’adhartachadh air cur às do lethbhreith mì-laghail; ag adhartachadh co-ionannachd cothrom agus dàimh cinnidh math.
- **Achd an Dàimh Cinnidh (Atharrachadh) 2000 (RR(A)A), agus Achd Lethbhreith Ciorraim 2005 (DDA)** a’ càradh dleastanas coitcheann reachdail gu co-ionannachd cinnidh agus ciorraim adhartachadh, agus sgeamaichean co-ionannachd fhoillseachadh a’ mineachadh mar a nì iad seo.

A thuilleadh air an sin, tha an DDA ag iarraidh air ùghdarrasan poblach:

- cur às do shàrachadh air sgàth ciorraim
- ceumannan a ghabhail gu bhith mothachail do chiorraman dhaoine, fiù far a bheil sin a’ ciallachadh dèiligeadh leotha ann an dòigh nas fhàbharaiche na càch, agus
- brosnachadh com-pàirteachadh le daoine ciorramach sa bheatha phoblaich.

Tha riatanas ann an Dleastanas Co-ionannachd Gnè dèiligeadh leis na h-adhbharan airson diofaran sam bith eadar pàigheadh fhireannaich agus boireannaich, a tha co-cheangailte ri gnè.

Poileasaidh Co-ionannachd Cinnidh

Tha Poileasaidh Co-ionannachd Cinnidh na Comhairle a' togail air reachdas làithreach: Achd Dàimh Cinnidh 1976 (Dleastanasan Reachdail) (Alba) Òrdugh Atharrachaidh 2006

Tha an dleastanas coitcheann ag iarraidh, ann an coileanadh ar n-obraichean, gun toir sinn aire bheachdail don fheum air:

- cur às do lethbhreith agus sàrachadh mì-laghail
- co-ionannachd cothroim adhartachadh, agus
- dàimhean matha adhartachadh eadar daoine de dhiofar bhuidhnean cinnidheach.

Tha na dleastanasan sònraichte a' gabhail a-steach:

- ullachadh agus foillseachadh air poileasaidh co-ionannachd cinnidh.
- measadh air na fuincseanan a tha buntainneach don dleastanas (le ath-sgrùdadh air a' mheasadh sin co-dhiù gach trì bliadhna).
- mìneachadh air rèiteachaidhean measaidh agus co-chomhairleachadh air a' bhuidhean a dh'fhaodadh a bhith air an adhartachadh co-ionannachd cinnidh sna poileasaidhean molta ùra.
- sgrùdadh phoileasaidhean airson buaidh mì-shealbhach air adhartachadh co-ionannachd cinnidh.
- foillseachadh toraidhean mheasaidhean, cho-chomhairlean agus sgrùdaidh.
- dèanamh cinnteach à ruigsinneachd air fiosrachadh agus seirbheisean.
- trèanadh luchd-obrach air cùisean a tha buntainneach don dleastanas.

Farsaingeachd

Tha am poileasaidh seo a' còmhdach nan cosnaichean làithreach uile, luchd-ùidhe, tagraichean cosnaidh uile agus luchd-tadhail uile gu aitreabh Chomhairle nan Leabhraichean.

Uallach airson a' Phoileasaidh

Tha an Ceannard cunntachail airson a dhèanamh cinnteach gu bheil am poileasaidh seo ga chur an cleachdadh taobh a-staigh na Comhairle.

Modh-obrach

Tha Comhairle nan Leabhraichean air a' chiad phoileasaidh seo a leasachadh ag obair còmhla ris an luchd-obrach, co-chomhairleachadh le buidhnean air an taobh a-muigh agus frithealadh sheiseanan trèanaidh buntainneach.

Tha a' Chomhairle a' cur an gnìomh cleachdaidhean cosnaidh a tha air an innleachadh le bhith leantainn deagh chleachdadh san sgìre, a tha a' dèanamh cinnteach gu bheil co-ionannachd air thoiseach sna gnìomhachdan uile.

Leanaidh a' Chomhairle air adhart a' dèanamh cinnteach tro ath-sgrùdaidhean cunbhalach, gum bi na poileasaidhean agus an leabhar-làimhe a tha gach ball den sgioba-obrach a' faighinn nuair a thèid am fastadh, cothromach anns gach raon, nach bi lethbhreith sam bith ann agus gu bheil stiùireadh ri fhaotainn air gach cùis co-ionannachd.

Tha a' Chomhairle ag amas air taobhan de ar poileasaidhean is mhodhan-obrach a chomharrachadh gu for-ghnìomhach, a dh'fhaodadh a bhith nam bacadh do dhaoine bho dhiofar dhualchasan cinnidheach, agus poileasaidhean atharrachadh a rèir sin gus lethbhreith sam bith san amharc a chumail air falbh. Bidh seo a' gabhail a-steach, ach chan eil e cuingealaichte gu trusadh, adhartachadh, trèanadh agus riarachadh thabhartasan do sgrìobhadairean agus foillsichearan.

Tha a' Chomhairle a' sireadh ri deagh chleachdaidhean adhartachadh ann an cosnadh, le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil a cleachdaidhean fhèin a' tabhann co-ionannachd cothroim agus gu bheil cùram ga ghabhail gus a dhèanamh cinnteach nach coilean sinn ar dleastanasan laghail mar fhastaichean a-mhàin ach gun tèid sinn seachad air an seo gus co-ionannachd cothroim agus iomadachd adhartachadh taobh a-staigh ar sgioba-obrach.

Leanaidh sinn air adhart a' rannsachadh dhòighean san leudaichear sanasachd trusaidh gus a dhèanamh cinnteach nach eil sinn a' cumail a-mach dhaoine bho dhualchas cinnidheach sam bith.

Pàigheadh Thabhartasan

Tha co-dhùnaidhean uile mu phàigheadhean bhon Chomhairle air an ruighinn stèidhichte air slatan-tomhais a tha air an comharrachadh gu soilleir agus a tha an-còmhnaidh in-ghabhalach air dualchasan cinnidheach uile.

Poileasaidh Co-ionannachd Ciorraim

Is e adhbhar ar Poileasaidh Co-ionannachd Ciorraim:

- Taisbeanadh mar a tha sinn air daoine ciorramach a ghabhail a-steach do cho-dhùnaidhean gu an tàinig sinn.
- Faighinn a-mach dè na bacaidhean ris a bheil daoine ciorramach a' cothachadh agus a' gabhail cheumannan gu cur às dhaibh.
- Faighinn a-mach mu phrìomhachasan dhaoine ciorramach.
- Dèanamh cinnteach gu bheil sinn a' coileanadh ar dleastanasan laghail.
- Innse do dhaoine dè na dleastanasan a tha oirnn.
- Mineachadh mar a nì sinn cùisean nas cothromaiche do dhaoine ciorramach.
- Taisbeanadh mar a tha am poileasaidh a' ceangal ri amasan agus prìomhachasan eile cho-ionannachdan.
- Solarachadh fiosrachadh mu chom-pàirteachadh, measaidhean agus rèiteachaidhean trèanaidh.
- Obrachadh ann an com-pàirteachas le buidhnean ciorraim eile gus bacadh a chur air aineolas is claon-bhreith sa choimhearsnachd fharsaing.
- Taisbeanadh dè tha air atharrachadh mar thoradh air a bhith an sàs agus mìneachadh sa phlana gnìomh bliadhna Ciorram, Co-ionannachd agus In-ghabhaltas, mar a chuireas sinn am poileasaidh an gnìomh.
- Cumail sùil agus sgrùdadh na tha sinn a' dèanamh agus a' dèanamh aithris gach bliadhna.

Gus ar n-adhbhar a choileanadh, tha sinn a' gabhail os làimh:

- Co-ionannachd cothrom adhartachadh eadar daoine ciorramach agus daoine eile.
- Cur às do lethbhreith a tha mì-laghail fon Achd.
- Cur às do shàrachadh air daoine ciorramach a tha co-cheangailte ri an ciorraman.

- Seasamhan deimhinneach adhartachadh a dh'ionnsaigh daoine ciorramach.
- Com-pàirteachadh le daoine ciorramach sa bheatha phoblaich a bhrosnachadh.
- Cunntas a ghabhail do chiorraman dhaoine ciorramach, fiù nuair a tha sin a' ciallachadh dèiligeadh le daoine ciorramach ann an dòigh nas fhàbharaiche na càch.

Tha an dleastanas coitcheann a' togail air na dleastanasan san Achd Lethbhreith Ciorraim 1995, a' gabhail a-steach an dleastanas gu atharrachaidhean reusanta a dhèanamh gus a dhèanamh cinnteach nach eil daoine ciorramach air an cur ann an suidheachadh anacothromach nuair a tha iad a' gabhail cothrom air (no a' faotainn) cosnadh, bather, stòrasan, seirbheisean, fuincseanan agus togalaichean.

Tha Comhairle nan Leabhraichean a' creidsinn gu bheil adhartachadh air co-ionannachd na phrìomh cho-phàirt de dheagh stiùireadh, a thuilleadh air a bhith riatanach gu laghail, ion-mhiannaichte gu sòisealta agus ceart gu moralta. Tha a' Chomhairle airson àrainneachd obrach a chruthachadh agus a chumail suas a bheir comas do dhaoine uile an làn chomais fhèin a choileanadh chun na h-ìre as àirde agus mar sin a' cur ri soirbheachadh iomlan na buidhne.

Tha a' Chomhairle a' creidsinn gum faigh gach neach fa leth buannachd bho àrainneachd a tha a' brosnachadh earbsa agus spèis do chàch a chèile.

Cleachdadh Obrachail

Tha Comhairle nan Leabhraichean a' sanasachadh airson luchd-obrach tarsainn taghadh farsaing de fhoillseachaidhean. Tha na dreuchdan uile fosgailte do thagraichean le ciorraman.

Leanaidh sinn air adhart a' gabhail ri sgilean agus comasan dhaoine ciorramach a bhios a' tagradh airson obraichean agus a tha air am fastadh leis a' Chomhairle.

Leanaidh sinn air adhart a' rannsachadh dhòighean air sanasachd trusaidh a leudachadh gus a dhèanamh cinnteach nach eil sinn a' cumail a-mach daoine le ciorraman.

Tha modh-obrach sùbailte aig a' Chomhairle a thaobh luchd-obrach a bhith ag obair bhon dachaigh no ag obair pàirt-ùine a thuilleadh air obair bhon oifis. Thèid atharrachaidhean a dhèanamh gus neach-obrach a chuideachadh aig a bheil feum air obrachadh sùbailte mar thoradh air ciorram.

Gleidheadh ar Cosnaichean Ciorramach

Ma dh'fhàsas cosnaiche ciorramach no gum fàs an ciorram nas mìosa, coimheadaidh sinn ri atharrachaidhean a dhèanamh a chuidicheas iad gu fuireach san dreuchd làithreach. Mura h-urrainn dhaibh an dreuchd làithreach aca a dhèanamh, coimheadaidh sinn ri dòigh san urrainn dhuinn an neach sin a chumail ann an dreuchd eile.

Inntrigeadh Poblach

Tha coinneamhan no tachartasan poblach sam bith air an eagrachadh gu h-iomlan le Comhairle nan Leabhraichean a' dèanamh cinnteach gu bheil slighe inntrigidh ri fhaotainn do neach ciorramach sam bith agus gu bheil cùisean air an rèiteachadh do dhaoine air a bheil ciorram claisneachd no fradharc.

Inntrigeadh Corporra

Tha inntrigeadh don bhùth leabhraichean le daoine ann an cathair-cuibhle cuingealaichte gu làithreach, mar thoradh air dorsan troma (poirdse) agus ceum an-àird, ach tha cothrom aig luchd-cleachdaidh cathair-cuibhle agus pàrantan le pramaichean a dhol tro dhorsan a' chlobhsa.

Chan eil rabhaidhean lèirsinneach rim faotainn gus rabhadh a thoirt do dhaoine le ciorram claisneachd mu theine no mu fheum air an togalach fhalamhachadh.

Nì a' Chomhairle an-còmhnaidh cinnteach, nuair a bhios coinneamhan poblach no taisbeanaidhean cruthachail co-cheangailte ri litreachas Gàidhlig a' gabhail àite, gum bi an t-ionad-cruinneachaidh ruigsinneach do dhaoine ciorramach.

Far an gabh e a dhèanamh, thèid lùb claisneachd a chleachdadh mar chuideachadh dhaibhsan le ciorraman claisneachd.

Cothrom air Foillseachaidhean air an Taobh A-staigh

Dh'fhaodadh bileagan is leabhraichean mun Chomhairle an toirt gu buil ann am Braille, ma bhios sin riatanach.

Tha sinn a' gabhail os làimh gum faod foillseachaidhean air an taobh a-staigh uile a bhith rim faotainn ann an raon de chruthan le cleachdadh iomchaidh air cànan gus a dhèanamh cinnteach gum bi cothrom orra agus comasach an cleachdadh le daoine de dhiofar chomasan.

Leasachadh Luchd-obrach

Bidh Comhairle nan Leabhraichean ag amas air a dhèanamh cinnteach gu bheil an luchd-obrach uile mothachail don phoileasaidh co-cheangailte ri Ciorram, Co-ionannachd agus In-ghabhaltas agus gum bu chòir seo a bhith na bheachd ann an dèiligidhean uile le buidhnean agus daoine fa leth ann an cùrsa coileanaidh an dleastanasan.

Bidh trèanadh leantainneach agus thèid clàraidhean a chumail gus a dhèanamh cinnteach gu bheil trèanadh air a chumail làithreach agus gu bheil cosnaichean ùra sam bith air an còmhdach.

Bidh poileasaidhean uile taobh a-staigh na Comhairle air am measadh air bhunait leantainneach a thaobh buaidh, gus tomhas mar a tha co-ionannachd ciorraim ga ghabhail a-steach.

Poileasaidh Co-ionannachd Gnè

Adhbhar ar Poileasaidh Co-ionannachd Gnè

Tha Achd Co-ionannachd 2006 ag atharrachadh Achd Lethbhreith a thaobh Gnè 1975 gus dleastanas reachdail a chur air ùghdarrasan poblach uile, aig àm coileanaidh an dleastanasan gum bi aire bheachdail aca air an fheum air:

- cur às do lethbhreith agus do shàrachadh mì-laghail
- co-ionannachd cothrom adhartachadh eadar fireannaich is boireannaich nan dleastanasan uile
- cur às do lethbhreith agus sàrachadh mì-laghail ann an cosnadh agus trèanadh dreuchdail (a' gabhail a-steach foghlam adhartach is àrd-ìre) do dhaoine a tha a' sùileachadh a dhol, no a tha a' dol, no a tha air a dhol tro ath-shònrachadh gnè.

Nì Comhairle nan Leabhraichean cinnteach nach eil lethbhreith sam bith an lùib gnìomhachadh nam poileasaidhean agus nan cleachdaidhean mar a tha air a chur sìos leis a' Chomhairle.

Nì Comhairle nan Leabhraichean cinnteach gum bi poileasaidhean agus pròiseactan uile san àm ri teachd air am measadh airson buaidh a thaobh co-ionannachd gnè.

Tha am poileasaidh a' gabhail a-steach plana gnìomh EDI a thèid ath-sgrùdadh agus ath-ùrachadh gach bliadhna.

Farsaingeachd

Tha am poileasaidh seo a' còmhach an luchd-obrach làithreach uile, tagraichean cosnaidh uile agus luchd-tadhail uile ann an togalach Chomhairle nan Leabhraichean.

Dleastanasan Sònraichte

Tha dleastanasan sònraichte do am feum sinn gèilleadh fon Achd Co-ionannachd 2006:

- poileasaidh co-ionannachd gnè ullachadh agus fhoillseachadh
- beachdachadh air an fheum air cinn-uidhe a ghabhail a-steach gus dèiligeadh ri adhbharan airson beàrn pàighidh gnèitheil
- co-chomhairleachadh le luchd-ùidhe agus cunntas a ghabhail air fiosrachadh buntainneach
- buaidh phoileasaidhean agus chleachdaidhean làithreach is molta air co-ionannachd gnè, a mheasadh
- na gnìomhan air am mìneachadh sa phoileasaidh a bhuileachadh taobh a-staigh trì bliadhna
- aithris a dhèanamh mu choinneamh a' phoileasaidh gach bliadhna agus am poileasaidh ath-sgrùdadh gach trì bliadhna.

Luchd-obrach agus Trusadh

Tha Comhairle nan Leabhraichean ag adhartachadh phoileasaidhean cosnaidh uile gu co-ionann. Tha na roghainnean a' gabhail a-steach obrachadh sùbailte, roinn dhreuchdan, pàirt-ùine agus poileasaidhean coitcheann teaghlaich uile.

Tha poileasaidh pàigheadh co-ionann aig a' Chomhairle a tha ga ath-sgrùdadh gu cunbhalach. Tha na tuarastail air an stèidheachadh airson nan obraichean agus chan ann do na daoine fa leth, mar sin tha iad cothromach agus co-ionann don dà ghnè. Tha mion-sgrùdadh agus ath-sgrùdadh tuarastail mar phàirt de ar plana gnìomh.

Tha an cothromachd luchd-obrach gu làithreach taobh a-staigh na buidhne aig 60:40 boireannaich gu fireannaich.

Nì sinn cinnteach nar plana gnìomh gun lean sinn air adhart a' sanasachadh dhreuchdan ann am meadhanan a bheir dhuinn an fhollaiseachd as àirde don dà ghnè co-ionann. Bidh modhan-obrach trusaidh uile air an sgrùdadh gus a dhèanamh cinnteach gu bheil sinn a' coileanadh ar Dleastanasan Co-ionannachd Gnè.

Gheibh Manaidsearan Sreath-stiùiridh a tha an sàs ann an trusadh agus agallamhan, stiùireadh agus trèanadh air dleastanasan a thaobh co-ionannachd gnè agus reachdas.

Leanaidh sinn air adhart a' dèanamh cinnteach gu bheil na poileasaidhean uile iomchaidh don dà ghnè agus gu bheil dreuchdan gan riarachadh air bhunait comais agus eòlais, a dh'aindeoin gnè.

Trèanadh agus Leasachadh Luchd-obrach

Tha ruigsinneachd air trèanadh agus leasachadh taobh a-staigh na Comhairle, ri fhaotainn leis an luchd-obrach uile gus feumalachdan na dreuchd aca a choileanadh. Thèid trèanadh is leasachadh luchd-obrach uile a sgrùdadh gus a dhèanamh cinnteach gu bheil e a' solarachadh chothroman co-ionann do fhireannaich agus do boireannaich.

Tha trèanadh don luchd-obrach uile a' gabhail a-steach mothachadh do iomadachd agus co-ionannachd gnè.

Ag obair le Sgrìobhadairean is Foillsichearan

Bidh sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil ar sgrìobhadairean is foillsichearan a' gèilleadh do ar Dleastanas Co-ionannachd Gnè le bhith gabhail a-steach chumhachan ann an tairgsean tabhartais.

Bidh sinn an-còmhnaidh ag adhartachadh co-ionannachd cothrom air fiosrachadh agus maoinachadh.

Bidh obair uile a thèid a choileanadh sna sgoiltean gu gnìomhach ag adhartachadh co-ionannachd cothrom a dh'aindeoin gnè.

Plana Gnìomh Cho-ionannachdan, Iomadachd agus In-ghabhaltais

GNÌOMH	RAON-AMA	TOMHAS SOIRBHEACHAIDH	FÌOR CHOILEANADH
1. Comhairle nan Leabhraichean ri trèanadh iomchaidh EDI a chur air bhonn do luchd-obrach agus buill a' bhùird.	Leantainneach. Trèanadh crìochnaichte ro 30 ògmhios 2017.	Bidh eòlas agus tuigse thèarainte do EDI aig luchd-obrach uile agus mar a bu chòir dha a bhith air a nochdadh nan cleachdadh. Bidh buill a' bhùird air cothrom fhaotainn air cothroman trèanaidh.	Tha bruthadh ama agus comas air gach neach a bhith saor airson cothrom a ghabhail air trèanadh, air a bhith na dhuilgheadas, ach tha feasgar coinneamh a' bhùird san Ògmhios air a chur mu seach, ach airson seisean trèanaidh.
2. Bidh Comhairle nan Leabhraichean a' measadh a coileanaidh EDI fhèin a thaobh gach taobh den obair aca. Thèid Plana Gnothachais na Companaidh ath-sgrùdadh agus atharrachadh gus ar dealas a thaobh adhartachadh EDI a nochdadh.	Leantainneach. Aithisg ro 31 Màrt 2017.	Togail agus buileachadh air ath-dhaingneachadh deagh chleachdadh agus puingean gnìomha teachdail.	Tha am Plana Gnothachais air ùrachadh, agus tha dealas Chomhairle nan Leabhraichean a thaobh adhartachadh EDI air a ghabhail a-steach ann.
3. Bidh Comhairle nan Leabhraichean a' cumail ceangal ri a solaraidhe lìn gus obrachadh a dh'ionnsaigh làrach-lìn na companaidh a dhèanamh làn ruigsinneach.	Leantainneach. Aithisg adhartais ro 31 Màrt 2017.	Leasachaidhean riatanach air an gabhail os làimh agus air am feuchainn a-mach airson ruigsinneachd is èifeachdas.	Chaidh prìomh ath-leasachadh a dhèanamh air làrach-lìn na companaidh san Fhaoilleach 2017 agus tha an làrach-lìn nas fhasa a cleachdadh.
4. Leanaidh Comhairle nan Leabhraichean air adhart a' dèiligeadh le iomallachd dùthchail tro ar club leabhraichean <i>Leum Dhan Leabhar</i> , a tha a' toirt cothrom do ro-sgoiltean agus bun-sgoiltean ann an coimhearsnachdan iomallach air raon de fhoillseachaidhean Gàidhlig agus ag	Leantainneach.	Mothachadh nas àirde do dh'iomairt <i>Leum Dhan Leabhar</i> agus meudachadh anns an t-seirbheis air a solarachadh tro cheangal agus co-obrachadh le Foghlam Alba agus Comann nam Pàrant. <i>Staitistigeon bun-loidhne:</i> <i>13 coimhearsnachdan a' gabhail cothrom air seirbheis ann an 2015-16.</i>	Chì com-pàirt Chomhairle nan Leabhraichean ann an Dùbhlain Leughaidh a' Chiad Mhinisteir, cuid de dh'atharrachaidhean air a' Chlub Leabhraichean gus a dhèanamh cinnteach gum faod coimhearsnachdan com-pàrteachadh gu h-iomlan san dùbhlain.

amas air tlachd chloinne ann an leughadh Gàidhlig, a mheudachadh.			
---	--	--	--